



www.gaelic4parents.com

Lean an t-seirbhis-taice airson obair-dachaigh tron bhliadhna le còrr is 150 teaghlach a' tadhal còrr is aon turas. Bha cosgaisean luchd-obrach is eile air am maoineachadh le Comhairle nan Eilean Siar. Anns an Ògmhios 2008 chaidh aontachadh le MRG gum biodh e iomchaidh do dh'ùghdarrasan eile a tha airson an t-seirbhis a thabhann do phàrantan san sgìre aca suim a phàigheadh mu choinneimh chosgaisean nan stuthan-sanasachd agus cosgaisean chunntasan ùra.

Chaidh tuilleadh stuthan fhoillseachadh air an làrach-lìn cuideachd, nam measg faidhlean-èisteachd airson a dhol an cois leabhraichean Storyworlds agus geama cànan do dh'oigridh, 'An Criostal Cridhe.'

Co-bhanntachd GLPS

Bha luchd-obrach Stòrlann an làthair aig grunn choinneamhan den cho-bhanntachd agus aig Co-labhairt Nàiseanta GLPS ann an Struighlea san Ògmhios 2008, far an tug iad seachad bùthan-obrach air goireasan-teagaisg.

Stuthan air am maoineachadh le Bòrd na Gàidhlig

Tha stuthan ùra do luchd-ionnsachaidh sa bheairt le taic bho Bòrd na Gàidhlig, Nam measg seo tha ath-chlo-bhualadh de Ghràmar na Gàidhlig a tha an impis a dhol à clò (don mhòr-shluagh a-mhàin) agus leabhraichean a tha a' ceangal ri cuspairean nan Teisteanasan Nàiseanta.

www.gaelic4parents.com

The online homework support service continued through the year with over 150 families visiting more than once. Staffing costs are funded by Comhairle nan Eilean Siar. In June 2008 MRG agreed that it would be appropriate for other authorities that wish to offer the service to parents in their area to make a contribution towards advertising and new account costs.

More materials were also published on the website, including audio files to accompany the Storyworlds and a language game for children, 'An Criostal Cridhe.'

GLPS partnership

Stòrlann staff attended several partnership meetings and the GLPS National Conference in Stirling in June 2008, where they delivered workshops on teaching resources.

Materials funded by Bòrd na Gàidhlig

There are new materials for learners in the pipeline with funding from Bòrd na Gàidhlig. This includes a reprint of Gràmar na Gàidhlig which is almost out of print (for public use only) and booklets which link to National Qualification subjects.





Ionnsachadh Agus Teagasg Alba

Lean am pròiseact compàirticheachaidh Gàidhlig air-loidhne ann an 2007-8. Bha **Mòrag NicDhòmhnaill** aig Stòrlann a' stiùireadh obair air an làraich gu làitheil agus chaidh grunn ghoireasan air prògraman Stòrlann fhoillseachadh air.

Thathar air a bhith a' deasbad structaran iomchaidh airson Gàidhlig air-loidhne a thoirt air adhart mar phàirt de sheirbhis LTS agus bidh tuilleadh fiosrachaidh ri fhaotainn a dh' aithghearr.

Comhairle Na Gàidhealtachd

Fhuair Stòrlann cothrom a-rithist cuid de na stuthan-teagaisg a bh' air an deisealachadh le Comhairle na Gàidhealtachd tron bhliadhna a sgoileadh gu sgoiltean eile air feadh na dùthcha. Thathar gu mòr an comain Chomhairle na Gàidhealtachd airson an obair aca a roinn san dòigh fhialaidh seo.

BBC Craoladh Nan Gàidheal

Thàinig Stòrlann agus BBC Craoladh nan Gàidheal ri chèile grunn thursan tron bhliadhna airson fiosrachadh iomlaid air planaichean agus roi-innleachdan. Bha luchd-obrach on BhBC an làthair aig grunn coinneamhan conaltraidh aig Stòrlann, nam measg seiseanan air feumalachdan ghoireasan san àrd-sgoil agus co-labhairt 'An Seotal'.

Chuir Stòrlann taic ris an iomairt aig BBC Craoladh nan Gàidheal gus cead fhaotainn na stuthan Gàidhlig a bh' air an cruthachadh leis a' phròiseact BBC Jam fhoillseachadh ann an cruth eile. Tha Stòrlann a' cur fàilte air an naidheachd gun tachair seo agus nach caillear na stuthan luachmhor Gàidhlig.

Thàinig Stòrlann agus am BBC ri chèile aig Pacific Quay ann an Glaschu san Ògmhios gus dà ghoireas ùr bàrdachd a chur air bhog; Smeòrach Mi aig Stòrlann agus Làrach nam Bàrd aig a' BhBC.



Learning And Teaching Scotland

The partnership project Gaelic Online continued in 2007-08. **Morag MacDonald** of Stòrlann leads the work on a daily basis and several Stòrlann resources have appeared.

Discussions have been held concerning appropriate structures for taking Gaelic Online forward as part of LTS' service and further information will be available soon.

Highland Council

Stòrlann once more was able to distribute materials prepared by Highland Council to other schools throughout the country. We are greatly indebted to Highland Council for their generosity in sharing their resources.

BBC Craoladh Nan Gàidheal

Stòrlann and BBC Craoladh nan Gàidheal met several times in the course of the year to exchange plans and strategies. BBC staff attended several communications' meetings with Stòrlann, including resource needs for secondary and 'An Seotal' conference.

Stòrlann supported BBC Craoladh nan Gàidheal's drive to secure permission to distribute, in another format, Gaelic materials produced by the BBC Jam Project. Stòrlann is pleased to learn that this has been successful and that valuable Gaelic resources will not be lost.

In June, Stòrlann and the BBC met at Pacific Quay, Glasgow for the launch of Stòrlann's Smeòrach Mi and the BBC website Làrach nam Bàrd.





Prìomh Gnìomhachd: Pròiseactan Eile | Main Activity: Other Projects

Comann Luchd-Teagaisg Na H-Àrd-Sgoil

Tha Stòrlann air ceanglaichean a dhaighneachadh le CLAS agus air pàirt a ghabhail ann an co-labhairt na buidhne.

Bòrd Na Gàidhlig

Bha Ceannard Stòrlann a-rithist an sàs anns a' bhuidhinn-obrach air foillseachadh Gàidhlig aig Bòrd na Gàidhlig.

Tha luchd-obrach eile bho Stòrlann air a bhith an sàs ann am buidhnean-obrach Bhòrd na Gàidhlig air cuspairean meadhan-Gàidhlig san àrd-sgoil.

Dearbhadh-Càileachd Agus Comhairleachadh

Chaidh dearbhadh-càileachd a dhèanamh no comhairleachadh a thoirt le Stòrlann do na buidhnean a leanas:

Urras Theisteanasan na h-Alba

Stiùireadh Leasaichte na h-Ìre Choitcheann ann an: Bith-eòlas aig Meadhan agus Sàr Ìrean;
Matamataig aig Bun, Meadhan agus Sàr Ìrean;
Eachdraidh aig Bun, Meadhan agus Sàr Ìrean;
Cruinn-eòlas aig Bun, Meadhan agus Sàr Ìrean

CLAS

fo-dheuchainnean

Grunn sgoiltean

goireasan-teagaisg

Comann Luchd-Teagaisg Na h-Àrd-Sgoil

Stòrlann has consolidated links with CLAS and took part in the group's conference.

Bòrd Na Gàidhlig

Stòrlann's Chief Executive is involved Bòrd na Gàidhlig's Gaelic publishing working group.

Other Stòrlann staff have been involved in Bòrd na Gàidhlig's working groups on subjects through the medium of Gaelic in the secondary school.

Quality Assurance And Consultation

Stòrlann provided quality assurance or advice to the following bodies:

Scottish Qualifications Authority

Revised Guidelines for Standard Grade in:
General and Credit Biology
Foundation, General and Credit Mathematics
Foundation, General and Credit History
General and Credit Geography

CLAS

Prelims

Several schools

Teaching resources

